

# 1540/405

---

TEISTEAN AIS DIHAOINE, 20 CÈITEAN  
NÀISEANTA 10.20 M – 11.50 M  
2011

EACHDRAIDH  
AN ÌRE CHOITCHEANN  
Meadhan Ìre

Freagair ceistean à Aonad 1 **agus** Aonad II **agus** Aonad III.

Tagh **aon** Cho-theacsa a-mhàin às gach Aonad agus freagair Pàirtean A **agus** B. Tagh na Co-theacsainchean a tha thu air a bhith ag ionnsachadh. Innsidh am freiceadan dhut dè an fheadhainn a tha sin.

Seo na Co-theacsainchean anns gach Aonad:

- |   |                |
|---|----------------|
| Aonad I—Atharrachadh Dòigh Beatha an Alba 's am Breatainn |                |
| Co-theacsa B: 1830an–1930an .....                         | Duilleagan 4–5 |
| Co-theacsa C: 1880an–An latha an-diugh .....              | Duilleagan 6–7 |

Unit II—Co-Obrachadh agus Còmhstri Eadar-Nàiseanta

- |                                   |                |
|-----------------------------------|----------------|
| Co-theacsa A: 1890an–1920an ..... | Duilleagan 8–9 |
|-----------------------------------|----------------|

Unit III—Sluagh agus Cumhachd

- |   |                  |
|---|------------------|
| Co-theacsa C: An Ruis 1914–1941 .....       | Duilleagan 16–17 |
| Co-theacsa D: A' Ghearmailt 1918–1939 ..... | Duilleagan 18–19 |

Cleachd am fiosrachadh sna stòran, agus an t-eòlas agad fhèin, gus na ceistean a fhreagairt.

Cùm àireamhan nam freagairtean a rèir àireamhan pàipear nan ceistean.

Tha cuid de na stòran air an atharrachadh beagan no air an eadar-theangachadh.

## AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM BREATAINN

### CO-THEACSA B: 1830an–1930an

#### PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

**Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Cleachd an t-eòlas agad fhèin cuideachd sna freagairtean agad.**

Tha **Stòr A** mu thaigheadas bochd ann an Glaschu ann an 1849.

#### Stòr A

Tha na taighean anns an sgìre seo de Ghlaschu uabhasach bochd. Tha fada tuilleadh 's a chòir a' fuireach annta. Chan eil anns a' chuid mhòir dhiubh ach aon rùm. Is ann ainneamh a bhios nas lugha na ceathrar ann an taigh ach gu tric bidh suas ri dusan duine annta. Chan eil leapannan ach ann am beagan dhiubh. Bidh daoine a' cadal air an làr, gu tric nan aodach-obrach. Chan eil e furasta dhaibh uisge fhaighinn. Bidh aon tap a' cumail uisge ri aon chlobhsa no barrachd.

1. Carson a bha suidheachadh mì-fhallain anns na dachaighean na adhbhar airson reat-bàis àrd ann am bailtean agus mòr-bhailtean na h-Alba eadar 1830 agus 1930? 4

Tha **Stòr B** mu atharrachadh a thaobh sluagh na h-Alba eadar 1830 agus 1930.

#### Stòr B

Chan e a-mhàin gun robh àireamh an t-sluagh a' dol suas ann an Alba ach bha an sluagh a' gluasad. Tha sin a' ciallachadh gun robh iad a' gluasad a dh'fhuireach ann an sgìrean ùra. Beag air bheag, bha na bu lugha a' fuireach anns na bailtean beaga a-muigh air an dùthaich. Aig toiseach an fhicheadaimh linn, bha a' chuid a bu mhotha de Albannaich a' fuireach ann am meadhan Alba, air bann cumhang de fhearann a bha a' cur thairis le daoine.

2. Minich na h-atharrachaidhean a thàinig air far an robh an sluagh ann an Alba eadar 1830 agus 1930. 3

PAIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

**Seo an cuspair rannsachaidh:**

Bha cùisean san àite-obrach air fàs na b' fheàrr mu 1930 airson nan daoine a bha ag obair anns na mèinnean guail.

**Sgrùd na stòran gu mionaideach agus freagair na ceistean a leanas.**

**Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Is e **Stòr C** aithisg a sgrìobh einnseanair-mhèinnean ann an 1896.

**Stòr C**

Tha na h-aithisgean bliadhnailean aig Luchd-sgrùdaidh nam Mèinnean a' sealltainn gu bheil sàbhailteachd anns na mèinnean a' sìor fhàs nas fheàrr. Tha slàinte nam mèinnearan, gun teagamh, air fàs nas fheàrr cuideachd. Tha galar nan sgamhan air a bhith na thrioblaid anns na mèinnean bho chionn fhada. B' e nach robh an èadhar air a cumail glan a bu choireach ris a seo. A dh'aindeoin sin, chì duine sam bith gu bheil an àireamh de mhèinnearan a tha a' fulang leis an Smugaid Dhuibh nas lugha a-nis na bha i o chionn fichead bliadhna.

3. Dè cho feumail 's a tha **Stòr C** mar fhianais ann a bhith a' rannsachadh mar a bha cùisean san àite-obrach anns na mèinnean guail ro 1930?

3

Tha **Stòr D** ag innse mar a dh'atharraich cùisean san àite-obrach anns na mèinnean guail mu 1930.

**Stòr D**

Mar bu doimhne agus bu mhotha a bha na mèinnean a' fàs, b' ann bu phailte na cunnartan. Bha adhartasan teicneòlach a' ciallachadh gun robh iad a' toirt a-mach barrachd guail. Fhastast, ann an cuid de dhòighean, bha an teicneòlas ùr a' cruthachadh barrachd chunnartan. Bha an uidheam thràth agus na h-innealan tràth gu tric cunnartach agus mì-earbsach. Cha robh tubaistean marbhtach idir neo-àbhaisteach. Ann an 1909 chaidh deichnear a mharbhadh ann an Siorrachd Àir nuair a thuit am mullach a-steach orra ann an seann mhèinn.

4. Dè an fhianais a tha ann an **Stòr C** a chuireas taic ris a' bheachd gun robh cùisean san àite-obrach air fàs na b' fheàrr anns na mèinnean guail mu 1930?

Dè an fhianais a tha ann an **Stòr D** a chuireas taic ris a' bheachd nach robh cùisean san àite-obrach air fàs na b' fheàrr anns na mèinnean guail mu 1930?

5

5. Dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh gun robh cùisean san àite-obrach air fàs na b' fheàrr anns na mèinnean guail mu 1930?

Feumaidh tu fianais às **na stòran** agus an **t-eòlas agad fhèin** a chleachdadh gus co-dhùnadhadh a ruighinn.

4

[CRÌOCH CO-THEACSA IB]

**Tionndaidh a-nis chun a' Cho-theacsa a thagh thu ann an Aonad II.**

**AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM BREATAINN****CO-THEACSA C: 1880an—An latha an-diugh****PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE**

**Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Cleachd an t-eòlas agad fhèin cuideachd sna freagairtean agad.**

Tha **Stòr A** mu thaigheadas dona ann an Alba anns na 1920an.

**Stòr A**

Bha galaran co-cheangailte ri dachaighean dona. Cha robh e furasta do dhaoine iad fhèin a għlanadh; bha còrr is leth de shluagh na h-Alba gun amar-phioban san dachaigh. Leis na bha a' fuireach còmhla, bha daoine a' cur suas ri fuaim agus cion p̄iobhaideachd. Bha droch shlàintealachd, gu h-àraidh na bhathar a' cleachdadhe de phoitean-leapa, a' cruthachadh ghalaran. Ma bha tuilleadh 's a chòir a' fuireach ann an aon rùm ann an teanamaint, bha an t-Oifigear Meidigeach ann an Dùn Èideann den bharail gun robh iad trì tursan nas dualtaiche bàsachadh leis a' chaitheimh.

- Carson a bha suidheachadh mì-fhallain anns na dachaighean na adhbhar airson reat-bàis àrd ann am bailtean agus mòr-bhailtean na h-Alba an dèidh 1880? 4

Tha **Stòr B** mu atharrachadh a thaobh sluagh na h-Alba eadar 1880 agus 1980.

**Stòr B**

Chan e a-mhàin gun robh àireamh an t-sluaigh a' dol suas ann an Alba ach bha an sluagh a' gluasad. Tha sin a' ciallachadh gun robh iad a' gluasad a dh'fhuireach ann an sgìrean ùra. Beag air bheag, bha na bu lugha a' fuireach anns na bailtean beaga a-muigh air an dùthaich. Aig toiseach an fhicheadaimh linn, bha a' chuid a bu mhotha de Albannaich a' fuireach ann am meadhan Alba, air bann cumhang de fhearann a bha a' cur thairis le daoine.

- Mìnich na h-atharrachaidhean a thàinig air far an robh an sluagh ann an Alba eadar 1880 agus 1980. 3

## PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

**Seo an cuspair rannsachaidh:**

Bha cothroman-cosnaidh na b' fheàrr aig na boireannach aig deireadh a' Chiad Chogaidh Mhòir.

**Sgrùd na stòran gu mionaideach agus freagair na ceistean a leanas.****Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Chaidh **Stòr C** a sgriobhadh le neach-poilitigs Breatannach ann an 1918.

**Stòr C**

Tha an cogadh air cùisean atharrachadh, agus tha an t-atharrachadh as mothà air tighinn air na h-obraichean a tha boireannaich a' dèanamh. Chan ann a' nursadh a tha iad uile air a bhith idir ach a' gabhail àite nam fireannach anns na factaraidhean cuideachd. Tha boireannaich a-nis ri postachd agus air a' phoileas. Tha boireannaich air tighinn a-steach do oifisean agus tha iad air dèanamh cho math 's gu bheil an dùthaich gu lèir fo iongnadh agus ro thoilichte.

3. Dè cho feumail 's a tha **Stòr C** mar fhianais ann a bhith a' rannsachadh mu chothroman-cosnaidh nam boireannach aig deireadh a' Chiad Chogaidh Mhòir? 3

Tha **Stòr D** ag innse mar a bha cùisean san àite-obrach air atharrachadh airson nam boireannach mun àm a chriochnaich a' Chiad Chogadh Mòr.

**Stòr D**

B' fheudar do mhòran bhoireannach a dhol a dh'obair aig àm a' chogaidh oir cha b' urrainn dhaibh an teaghlaichean a chumail air a' phàigheadh a bha na fir aca a' faighinn san arm. Cha robh mòran de na boireannaich anns na factaraidhean air am pàigheadh cho math ris na fir, eadhon ged a bhiodh iad an sàs san aon obair. Aon rud cinnteach, cha leigeadh iad a leas a bhith an dùil ri àrdachadh aig an obair gu inbhe sam biodh iad na b' àirde na fireannach. Nuair a chriochnaich an cogadh, chaill mòran de na boireannaich phòsta an obair agus chaidh am pàigheadh aig an fheadhainn a chùm an obair a bheagachadh.

4. Dè an fhianais a tha ann an **Stòr C** a chuireas taic ris a' bheachd gun robh cothroman-cosnaidh na b' fheàrr aig na boireannaich nuair a chriochnaich a' Chiad Chogadh Mòr?

Dè an fhianais a tha ann an **Stòr D** a chuireas taic ris a' bheachd nach robh cothroman-cosnaidh na b' fheàrr aig na boireannaich nuair a chriochnaich a' Chiad Chogadh Mòr? 5

5. Dè an ire gu bheil thu ag aontachadh gun robh cothroman-cosnaidh na b' fheàrr aig na boireannaich nuair a chriochnaich a' Chiad Chogadh Mòr?

Feumaidh tu fianais às **na stòran** agus **an t-eòlas agad fhèin** a chleachdadh gus co-dhùnadadh a ruighinn. 4

[CRÌOCH CO-THEACSA IC]

**Tionndaidh a-nis chun a' Cho-theacsa a thagh thu ann an Aonad II.**


## AONAD II—CO-OBRACHADH AGUS CÒMHSTRI EADAR-NÀISEANTA

## CO-THEACSA A: 1890an–1920an

## PAIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

**Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Cleachd an t-eòlas agad fhèin cuideachd sna freagairtean agad.**

Is e **Stòr A** postair togail-shaighdearan a thugadh a-mach ann am Breatann aig àm a' Chiad Chogaidh Mhòir.

**Stòr A**

A dhadaidh, dè rinn SIBHSE sa  
Chogadh Mhòr?

Thug riaghaltas Bhreatainn a-mach postairean mar seo goirid an dèidh don chogadh töiseachadh ann an 1914. Thug an riaghaltas gum feumadh iad fada a bharrachd shaighdearan airson sabaid anns a' chogadh. Chleachd iad dòighean eadar-dhealaichte airson toirt air fir òga gabhail san arm gu saor-thoileach. Bha postairean coltach ris an fhear seo a' bualadh air cogais nam fear òga. Bha cuid de phostairean a' feuchainn ri toirt orra coimhead air a' chogadh mar thuras inntinneach, agus cuid eile mar dhleastanas a bu chòir dhaibh a dhèanamh.

1. Dè cho cudromach 's a bha postairean togail-shaighdearan ann a bhith a' brosnachadh fhireannach gus a dhol don arm ann an 1914? 4

Tha **Stòr B** mun dùigh anns an robh daoine a' dèiligeadh ri fir-dhiùltaidh chogaiseach aig àm a' Chiad Chogaidh Mhòir.

**Stòr B**

Dhiùlt cuid de na fireannaich a dhol dhan arm a shabaid. Chante fir-dhiùltaidh chogaiseach riutha, ach thugadh am far-ainm "conchies" orra agus bhathar a' fàgail orra gur e gealtairean a bh' annta. Bha cùisean glè dhuilich air an son. Chaith mòran dhiubh a chur dhan chogadh airson crò-leaban a ghiùlan agus bha iad a' coinneachadh ris na h-aon chunnartan 's a bha na saighdearan a' coinneachadh.

2. Thoir cunntas air mar a bha daoine a' dèiligeadh ri fir-dhiùltaidh chogaiseach aig àm a' Chiad Chogaidh Mhòir. 3

**PAIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH**

Tha na stòran seo mu mar a dh'atharraich barail dhaoine mun Chiad Chogadh Mhòr.

**Sgrùd na stòran gu mionaideach agus freagair na ceistean a leanas.**

**Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Ann an **Stòr C** tha saighdear a' cuimhneachadh air mar a bha daoine a' faireachdainn nuair a thòisich an cogadh ann an 1914.

### Stòr C

Bha na pàipearan-naidheachd ag ràdh gur e cogadh uabhasach goirid a bhiodh ann – seachad mus tigeadh an Nollaig, air a' char a b' fhaide. Tha e neònach a bhith a' smaoineachadh air a-nis. Tha mi a' creidsinn gun robh mise air mo bheò-ghlacadh leis uile – bha e mar gum biodh turas inntinneach a' tòiseachadh. Bha a h-uile duine cho toilichte agus na èiginn airson faighinn chun na h-Aghaidh airson tòiseachadh air sabaid ris na Gearmailtich.

3. Dè cho feumail 's a tha **Stòr C** mar fhianais air mar a bha daoine a' faireachdainn nuair a thòisich an cogadh ann an 1914? 3

Tha **Stòr D** air a thogail à leabhar-latha a sgriobh saighdear air an Aghaidh an Iar ann an 1916.

### Stòr D

An seo, tha gràin againn uile air. Tha na trainnsichean mar ifrinn air thalamh – an-còmhnaidh fliuch, làn de pholl agus, mar as trice, fuar. Tha an cogadh a' leantainn air agus air gu slaodach agus chan eil coltas air gun tig e gu ceann. An-diugh, bha na Gearmailtich a' losgadh shligean oirnn fad trì uairean a thìde feasgar, ach chùm sinn ar cinn sìos. Tha mise ag iarraidh a-mach às a' chuthach seo. Tha mi ag iarraidh a dhol dhachaigh – tha sinn uile ag iarraidh a dhol dhachaigh.

4. Dè an ìre gu bheil na beachdan mun chogadh ann an **Stòran C** agus **D** eadar-dhealaichte bho chèile? 4

Tha **Stòr E** mu na bhiodh na saighdearan a' cur suas ris anns na trainnsichean.

### Stòr E

Bha galaran glè phailt anns na trainnsichean is iad làn dhaoine a bha beò ann am poll is salchar. Mar sin, dh'fheumadh na saighdearan sgrùdadadh meidigeach a h-uile latha. Air sàillibh a bhith fad an t-siubhail fo uallach shligean, le spealgan iarainn a' sianail seachad orra, agus an cluasan gan sgoltadh le spreadhaidhean agus fuaim nan gunnachan, bha cuid a' fulang le "shellshock".

5. Dè cho math 's a tha **Stòr E** a' toirt cunntas air na bh' aig saighdearan ri cur suas ris anns na trainnsichean?

Feumaidh tu fianais **às na stòran** agus **an t-eòlas agad fhèin** a chleachdadh gus co-dhùnadadh a ruighinn. 4

[CRÒCH CO-THEACSA IIA]

**Tionndaidh a-nis chun a' Cho-theacsa a thagh thu ann an Aonad III.**

**AONAD III—SLUAGH AGUS CUMHACHD**

**CO-THEACSA C: AN RUIS 1914–1941**

*PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE*

**Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Cleachd an t-eòlas agad fhèin cuideachd sna freagairtean agad.**

Tha **Stòr A** ag innse mu na cumhachdan aig an t-Tsàr.

**Stòr A**

Bha an siostam riaghlaidh aig an t-Tsàr anns an Ruis na eisimpleir iomlan de autocrasaidh—aon duine a' riaghlaidh. Bha àireamh an t-sluaigh san Ruis air a dhol suas gu luath agus bha barrachd dhaoine a' ciallachadh tuathanasan na bu lugha agus na bu lugha de bhiadh. Bha smachd aig an t-Tsàr air taghaidhean na Duma—an co-chruinneachadh a bhiodh a' beachdachadh air na gnothaichean sin.

1. Minich ciamar a bha an Tsàr cho cumhachdach.

3

Tha **Stòr B** ag innse mun bhuaidh a bh' aig a' Chiad Chogadh Mhòr air a' phoball san Ruis.

**Stòr B**

Tron chogadh, b' fheudar do na factaraidhean Ruisseanach atharrachadh gus gum biodh iad a' dèanamh nan rudan a bha feum aig an arm air. Mar a dh'fheumadh a bhith, cha robh iad a-nis a' dèanamh na b' àbhaist dhaibh de na rudan a bhiodh am poball a' ceannach. Ann an 1916, cha robh mòran ann a b' urrainn do neach-tuatha a cheannach ged a bhiodh e ag iarraidh. Mar bu mhotha a bha an stàit a' feuchainn ri uidheam mhath agus biadh gu leòr a chumail ris na milleanan shaighdearan a chaidh a thogail don arm, b' ann bu mhotha a bha am poball a' fulang.

2. Dè cho cudromach 's a bha a' Chiad Chogadh Mòr mar adhbhar airson mar a bha am poball san Ruis a' fulang?

3

## PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Tha na stòran seo mu mar a bhathar a' dèiligeadh ris an luchd-tuatha nuair a bha Co-thuathanachas ga stèidheachadh.

**Sgrùd na stòran gu mionaideach agus freagair na ceistean a leanas.**

**Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Ann an **Stòr C** tha neach-fianais ag innse mar a thugadh air baile beag gabhail ri Co-thuathanachas.

### Stòr C

Nuair a ràinig mi, bha ùpraid ann. Bha buidheann mòr air cruinneachadh air taobh a-muigh nan togalaichean. Chuir e uabhas orm a' faicinn bhoireannach às an rian, a' rànaich agus ag èigheach ainmean nam fear-pòsta aca no an athraichean. Bha mu fhichead neach-tuatha nan seasamh, mar gum biodh gun dùil 's gun dòchas, agus saighdearan gan geàrd. Bha mi duilich air an son. B' e seo "sgrios nan Kulaks". Bha luchd-tuatha sìmplidh air an slaodadh bho na tuathanais aca is air an cartadh air falbh gu campa-obrach fad' air falbh. Cha b' urrainn dhomh mo thaic a chur ris an fhulang gun fheum seo.

3. Dè bha an neach a sgriobh **Stòr C** a' smaoineachadh mun dòigh a bhathar a' dèiligeadh ris na Kulaks fo Cho-thuathanachas? 3

Tha **Stòr D** ag innse mar a bhathar a' dèiligeadh ri luchd-tuatha fo Cho-thuathanachas.

### Stòr D

Cha robh e ceadaichte leigeil le Kulaks cas a chur air na co-thuathanasan ùra. Thuirt Stalin san Dùblachd 1929 gum feumte na Kulaks "a sgrios mar bhuidheann". Bha seo a' ciallachadh gum biodh oifigich Chomannach ionadail a' dol a-steach do na bailtean beaga, gu tric le saighdearan, agus a' cruinneachadh an luchd-tuatha a bu bheairtiche no air am bu lugha a bha meas. Bha na "Kulaks" sin air am fuadach às an dachaighean agus bha an stàit a' gabhail os làimh a h-uile càil a bh' aca. Bhiodh na boireannaich a' rànaich agus bhiodh an fheadhainn a bha a' toirt taic do cho-thuathanachas a' dèanamh tàire orra. Bha an dol-a-mach seo ag abhbhrachadh cuthach agus mì-riaghait a-muigh air an dùthaich

4. Dè an ire gu bheil **Stòran C** agus **D** ag aontachadh mun dòigh a bhathar a' dèiligeadh ris na Kulaks fo Cho-thuathanachas. 4

[CRIODH CO-THEACSA IIIC]

**AONAD III—SLUAGH AGUS CUMHACHD**

**CO-THEACSA D: A' GHEARMAILT 1918–1939**

*PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE*

**Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Cleachd an t-eòlas agad fhèin cuideachd sna freagairtean agad.**

Tha **Stòr A** ag innse mun bhuaidh a bh' aig mòr-atmhorachd air a' Ghearmailt.

**Stòr A**

Tha buaidh aig mòr-atmhorachd air an t-sluagh ann an diofar dhòighean. Tha slàinte air a dhol air ais gu h-eagalach sa Ghearmailt air fad, ach gu seachd àraidih anns na bailtean. A-muigh air an dùthaich, far a bheil tuathanach air chomas biadh a chumail riutha fhèin, tha coltas nas theàrr air an t-suidheachadh. Tha e gu h-àraidih doirbh don luchd-mheadhain agus do dhaoine air peinnsean oir chan urrainn dhaibh prìsean an latha an-diugh a phàigheadh leis cho beag 's a tha an teachd-a-steach aca.

1. Dè cho cudromach 's a bha mòr-atmhorachd mar adhbhar airson cho doirbh 's a bha cùisean do shluagh na Gearmailt? 3

Tha **Stòr B** ag innse mu Òigridh Hitler anns a' Ghearmailt Nadsaidhich.

**Stòr B**

Tha mi a' smaoineachadh gun do chòrd Òigridh Hitler ris a' chuid mhòir de na balaich eile air na h-aon adhbharan 's a chòrd e riumsa. Bha iad a' coimhead airson cothrom coinneachadh ri balaich eile airson a dhol a champachadh no a choiseachd. Bha sinn a' mèarrsadh ann am pairéidean agus bha sin a' còrdadh rinn agus bha sinn a' faireachdainn gun robh sinn cudromach.

2. Mìnich carson a bha an òigridh anns a' Ghearmailt Nadsaidhich cho measail air Òigridh Hitler. 3

*PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH*

Tha na stòran seo mu dheidhinn na thachair rè Kristallnacht.

**Sgrùd na stòran gu mionaideach agus freagair na ceistean a leanas.**

**Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Is e **Stòr C** cunntas a thug neach-fianais air Kristallnacht, mar a chaidh fhoillseachadh anns an Daily Telegraph ann an 1938.

**Stòr C**

Bha Berlin air a riaghlaigh le lagh nan gràisgean agus thug buidhnean de bhlaigeardan Nadsaidheach ionnsaighean eagalach air lùdhaich. Bha na sràidean air an còmhdaich le pìosan de bhùthan lùdhach a chaidh a bhriseadh às a chèile. Chaidh eaglaisean lùdhach a sgrios le teine. Thairis air a' bheagan bhliadhna chan mu dheireadh, chunnaic mi mòran ionnsaighean gan dèanamh air na h-lùdhaich ach chan fhaca ri dad a dh'fhàg mi a' faireachdainn cho tinn ris a seo. Cha ghabh e a chreidsinn, ach cha do rinn na poilis oidhirt sam bith air stad a chur air an fheadhainn a bha an sàs anns an ùpraid.

3. Dè barail an neach a sgrìobh **Stòr C** air mar a chaidh dèiligeadh ris na h-Iùdhaich rè Kristallnacht?

3

Tha **Stòr D** ag innse mu rudan a thachair rè Kristallnacht.

**Stòr D**

Anns gach sgìre den Ghearmailt, chaidh bùthan lùdhach a bhriseadh às a chèile. Chaidh lùdhaich a chur an grèim agus bha buidhnean de Nadsaidhean òga a' ruith nan sràidean a' feuchainn ri lùdhaich eile a ghlacadh. Cha do thòisich am milleadh a bu mhiosa gu feasgar. Fad an latha, b' e fior bheag de phoileasmain a bha rim faicinn air na sràidean. Chan eil rathad air innse cia mheud eaglais lùdhach a chaidh a chur nan teine thairis air na ceithir uairean fichead seo.

4. Dè an ìre gu bheil **Stòran C** agus **D** ag aontachadh mu na dòighean anns an deach dèiligeadh ris na h-Iùdhaich rè Kristallnacht?

4

[*CRÌOCH CO-THEACSA IID*]

[*CRÌOCH PÀIPEAR NAN CEISTEAN*]

## ACKNOWLEDGEMENTS

General Level Unit II Context A Source A—Lithograph, *Daddy, what did YOU do in the Great War?* by Saville Lumley. © Hood Museum of Art, Dartmouth College, Hanover, New Hampshire; gift of Willis S. Fitch, Class of 1917; gift of Edward Tuck, Class of 1862.

General Level Unit II Context B Source A—Lithograph, *Women of Britain come into the factories* by Donald Zec. © Victoria and Albert Museum, London.